

- Teacher: Madainn mhath/Feasgar math ciamar a tha thu?
- Student: Tha gu math, agus thu fhèin?
- Teacher: Chan eil dona idir. Airson còmhraidh a dhà, ìre 6, tha sinn a' dol a dhèanamh riochd-chluich no role-play. A bheil thu toilichte le sin?
- Student: Tha bidh sin math. Dè an seòrsa riochd-chlùich?
- Teacher: 'S caraidean a th' annainn aig a bheil ùidhe ann an spòrs gu h-àiridh ball-coise agus teanas. A bheil thu a' tuigsinn?
- Student: Tha, tha mi a' tuigsinn.
- Teacher: Tòisichidh sinn ma-thà. Bha Anndra Moireach a' cluich an-dè. A bheil fhios agad an do bhuannaich e?
- Student: Bhuannaich, bhuannaich e trì seataichean gu dhà, tha mi smaoineachadh.
- Teacher: Tha sin math. An toir thu dhomh sùil air a' phàipear-naidheachd agad?
- Student: Bheir gu dearbh. (A toirt a' phàipear dha.)
- Teacher: Obh obh, an do chaill Alba an aghaidh Lithuania?
- Student: Chaill , tha eagal orm.
- Teacher: Ach cha do chaill Sasainn an aghaidh na Pòlainn, bhuainnich iad.
- Student: Bhuannaich, tha iad nas fheàrr na Alba.
- Teacher: Tha eagal orm gu bheil. Tha Rangers agus Celtic a' cluich Disathairne. An tèid thu ann còmhla rium?
- Student: Thèid, bhiodh sin math. Am faigh thu dà thiocaid dhuinn?
- Teacher: Gheibh, gheibh mi na tiocaidean air an eadar-lìon.
- Student: Glè mhath.
- Teacher: An d' fhuair thu na tiocaidean an turas mu dheireadh?
- Student: Fhuair.
- Teacher: Cha d' fhuair, fhuair mise iad.
- Student: O, tha mi duilich, gheibh mise na tiocaidean ma-thà.
- Teacher: Math dha-rìribh. (a' leughadh a' phàipear-naidheachd), tha mi a' faicinn gun do bhuannaich Alba an gèam rugbaidh an aghaidh Georgia.
- Student: An do bhuannaich? A, tha sin math.
- Teacher: Bhuannaich Alba agus bhuannaich Andy Moireach. Tha mi a' faireachdainn beagan

nas fheàrr a-nis. An dèan thu rudan dhomh?

Student: Nì, 's dòcha, dè?

Teacher: An cuir thu air an telebhisean? Tha thu ri a taobh.

Student: Ceart gu leòr

TRANSLATION

Teacher: Good morning/good afternoon, how are you?

Student: Well/fine and yourself?

Teacher: Not bad at all. For conversation No 2 Level 6 we are going to do role-play. Are you happy with that?

Student: Yes, that will be good. What kind of role-play?

Teacher: We are friends that have an interest in sports, especially football and tennis. Do you understand?

Student: Yes, I understand.

Teacher: We will begin then. Andy Murray was playing yesterday, do you know did he win?

Student: Yes, he won 3 sets to 2 , I think.

Teacher: That is good, Will you give me a look at your newspaper

Student: Yes indeed. (*giving him the paper*)

Teacher: Oh dear, did Scotland lose against Lithuania?

Student: Yes, I am afraid. (yes I fear)

Teacher: But England didn't lose against Poland , they won.

Student: They are better than Scotland.

Teacher: I am afraid that's so. Rangers and Celtic are playing on Saturday. Will you go there with me?

Student: Yes, that would be good. Will you get 2 tickets for us?

Teacher: Yes , I will get the tickets on the internet.

Student: Very good.

Teacher: Did you get the tickets the last time?

Student: Yes.

Teacher: No, I got them

Student: Oh , I am sorry, I will get them.

Teacher: Great/ Good indeed. (*reading the newspaper*) I see that Scotland won the rugby against Georgia.

Student: Did they win? (is that right)(oh really) Ah, that's good.

Teacher: Scotland and Andy Murray won. I am feeling a little better now. Will you do something for me?

Student: Yes, perhaps, what?

Teacher: Will you put on the television? You are beside it.

Student: OK (right enough)

Vocabulary;

ùidh - interest

a' toirt - giving (taking to)

seòrsa – kind of

obh obh – oh dear

spòrs - sport (s)

an aghaidh - against

ball-coise – football

eagal - fear

teanas – tennis

eadar-lìon - internet

a'cluich – playing

a' leughadh - reading

buannaich – win

rudeigin - something

sùil – a look at

chail - lost

pàipear-naidheachd – newspaper

Useful Phrases:

Chan eil dona idir – not bad at all.

A bheil thu toilichte le sin? - are you happy with that?

Bidh sin math – that will be good.

'S e caraidean a th' annainn. – We are friends (Lit.. it is friends that are in us)

Gu h-àraidh – especially

Tòisichidh sinn ma-thà - We will start/begin then.

An do bhuannaich e? - did he win?

An toir thu dhomh - will you give (to) me

Useful Phrases Cont:

- Tha eagal orm - I am afraid
An teid thu ann - will you go there
Còmhla rium - with me (along with me)
An turas mu dheireadh - the last time
An cuir thu air - will you put on.

Replying to an Examples of Regular Verbs eg (Buannaich – win)

Question: An do bhuannaich thu? – Did you win? (Remember “an do” is “did” past tense)

Affirmative reply: Bhuannaich –yes

Negative reply: Cha do bhuannaich –no (did not)

The reply to regular verbs usually means you just lenite the verb

Replying to an Examples of Irregular Verbs eg an toir thu dhomh? – will you give (to) me?

Affirmative Reply : bheir – yes

Negative reply: cha toir – no

The irregular verb “thoir” can mean give, take or bring

Replying to an Examples of irregular verbs eg (faigh – find or get)

Question: Am faigh thu dà thiocaid – will you get 2 tickets.

Affirmative reply: Gheibh –yes

Negative Reply: Chan fhaigh – no

Replying to an Examples of irregular Verbs eg (dèan– do or make)

Question: an dèan thu rudeigin – will you do something

Affirmative reply: nì –yes (will do)

Negative Reply: Cha dèan – no

Note:

When a question starts with “ an “ this is usually a question in the future tense (will)

When a question starts with “ an do “ this usually a question in the past tense (did)